



Comhairle nan Eilean Siar

Sgeama Greis Gnìomhachais Gàidhlig nan Oileanach 2020

Foirm-iarrtais

Tha Sgeama Greis Gnìomhachais Gàidhlig nan Oileanach a' toirt cothrom do dh'oileanaich às na h-Eileanan Siar aig a bheil sgilean Gàidhlig obair fhaighinn còmhla ri buidhnean a tha a' cleachdadh na Gàidhlig gu làitheil, airson deich seachdainean thairis air mìosan an t-samhraidh.

- ❖ Lìonaibh a-steach na h-earrannan air fad. Mura tèid am Foirm-iarrtais a lìonadh a-steach air fad, 's dòcha nach tèid an t-iarrtas agaibh air adhart.
- ❖ Feumaidh am Foirm-iarrtais a bhith a-staigh againn ro **27 Màrt 2020** aig a' char as fhaide. Feuchaibh ris an Fhoirm a chur a-steach cho luath 's a ghabhas, oir bidh iarrtas mòr ann airson àitichean.

Cuiribh am Foirm-iarrtais seo air ais gu:

p.scott@cne-siar.gov.uk,

[agus](#) cuiribh lethbhreac eile tron phost, le [dà theisteanas](#) bho dhithis a tha glè eòlach oirbh, ach nach eil càirdeach dhuibh, gu:

**Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach,
Sgioba na Gàidhlig,
Comhairle nan Eilean Siar,
Rathad Sanndabhaig
Steòrnabhagh, HS1 2BW.**

FOIRM-IARRTAIS SGEAMA GREIS GNÌOMHACHAIS NAN OILEANACH

Mgr/Mh Sloinneadh:

Ciad Ainm:

Aois:

Cuin a rugadh sibh?

Seòladh aig àm teirm:

Fòn-làimhe:

Seòladh Dachaigh:

Fòn Dachaigh:

Post-dealain:

Ainm an Oilthigh/ na Colaiste agaibh (seisean 2019/20):

Ainm a' chùrsa air fad (seisean 2019/20):

Cuin a thòisich an cùrsa?

Dè bhliadhna anns a bheil sibh an dràsta?

Cuin a bhios sibh an dùil ceumnachadh?

Cuspairean a' chùrsa (cunntas ghoirid):

Tha an Sgeama Greis Gnìomhachais airson oileanaich aig a bheil Gàidhlig a tha a' dèanamh cùrsa ann an oilthigh no colaiste agus a tha an dùil a bhith a' leantainn leis a' chùrsa san fhoghar 2020. Chan eil e idir do dh' oileanaich a th' air ceumnachadh mar-thà. A bheil sibh an dùil a bhith a' leantainn le ur cùrsa san fhoghar 2020?

An robh sibh air Sgeama Greis Gnìomhachais sam bith eile roimhe seo?

Ma bha, cuin agus co còmhla ris a rinn sibh a' ghreis gnìomhachais?

Dè seòrsa obach a tha sibh a' sireadh, agus càite?

A bheil pròiseactan sònraichte sam bith a chòrdadh ruibh a dhol an sàs ann (m.e. margaidheachd, obair-leasachaidh na Gàidhlig, obair eachdraidheil, spòrs, obair sna h-ealain, teicneolas fiosrachaidh, obair sna meadhanan)?

Bidh na greisean gnìomhachais rim faighinn aig gnìomhachasan is buidhnean ag obair anns na h-Eileanan Siar a-mhàin.

Dè an ìre aig a bheil ur còmhradh sa Ghàidhlig?

Dè an ìre aig a bheil ur sgrìobhaidh sa Ghàidhlig?

Sgilean coimpiutair sam bith a th' agaibh:

Eòlas-obrach sam bith a th' agaibh:

Dè na prìomh sgilean a th' agaibh airson na h-obrach a tha sibh a' sireadh?

A bheil càil sam bith a tha sibh air a bhith an sàs ann roimhe seo a tha a' sealltainn dòigh smaoineachaidh adhartach?

Carson a tha sibh ag iarraidh pàirt a ghabhail anns an Sgeama Greis Gnìomhachais?

Dè na cur-seachadan a th' agaibh?

Am bi sibh an urra ri dòighean siubhail poblaich airson faighinn gu ur n-obair?

A bheil cead-dràibhidh agaibh?

Am bi carbad agaibh rè an ùine?

Dè cho fada 's a tha sibh deònach siubhal gach latha?:

A bheil cinn-latha sam bith ann nuair nach biodh e freagarrach dhuibh a thighinn gu agallamh?

Tha e na chumha fon sgeama gun lìon sibh a-steach bileag measaidh air mar a chaidh dhuibh air an sgeama, nuair a bhios a' ghreis gnìomhachais agaibh seachad. Cha tèid taic-airgid a phàigheadh dhan bhuidheann leis an robh sibh ag obair gus am faighear ur n-aithisg a-staigh.

Ainm Sgrìobhte: _____ Ceann Latha: _____

Ma tha Cunntas Beatha (CV) agaibh, faodaidh sibh a chur a-steach an lùib an Fhoirm seo

Tha Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach 2020 air a mhaoinachadh Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle nan Eilean Siar agus air a stiùireadh Comhairle nan Eilean Siar.

Tha an Sgeama Greis Gnìomhachais a' toirt cuireadh do dh'oileanaich, a dh'aindheoin gnè, cinneadh, creideamh no ciorram sam bith.